



ALBA | CHRUTHACHAIL

# Duaisean Luchd-ealain Lèirsinneach is Luchd-ciùird: Bursaraidhean 2024-25

---

**#VACMAScotland**

**Stiùireadh do Luchd-iarrtais**



A' TOIRT SEACHAD MAOIN BHO  
AWARDING FUNDS FROM

**THE NATIONAL LOTTERY®**

## Clàr-innse

Geàrr-chunntas .....	03
Ciamar a nithear iartas .....	03
Cruthan is Cànanan Eile agus Taic Ruigsinneachd .....	03
Cia mheud a dh'fhaodas mi iarraidh? .....	04
Cò a dh'fhaodas iartas a chur a-steach? .....	04
Cò nach fhaod iartas a chur a-steach? .....	04
Cò air a ghabhas an t-airgead a chleachdadh? .....	04
Cha toir a' mhaoin seo taic do .....	05
Slatan-tomhais .....	05
Na tha sinn a' sireadh .....	06
A' cur ur foirm-iarrais a-steach .....	08
Pròiseas co-dhùnaidh .....	09
Riatanasan aithris .....	09
Dè thachras mura h-eil mi soirbheachail? .....	09
Barrachd fiosrachaidh agus taic .....	10
Eàrr-ràdh 1 – Ceistean Iarrais .....	10
Eàrr-ràdh 2 – Ceistean Cumanta .....	12

## Geàrr-chunntas

'S e na Duaisean Luchd-ealain Lèirsinneach is Luchd-ciùird (VACMA) prògram a tha a' tabhann sgeamaichean thabhartasan beaga le farsaingeachd de dh'ùghdarrasan ionadail agus bhuidhnean ealain air feadh na h-Alba. Tha na sgeamaichean air an ruith gu h-ionadail leis na com-pàirtichean seo.

Tha VACMA a' tabhann bhursaraidhean suidhichte de £500 is £1000. 'S e adhbhar nam bursaraidhean seo **gus taic a chumail ri luchd-ealain lèirsinneach agus luchd-ciùird san leasachadh chruthachail agus phroifeiseanta aca.**

Tha dà cheann-latha aig VACMA:

- **Ceann-latha an fhoghair: 5f, 22 Dàmhair 2024**
- **Ceann-latha a' gheamhraidh: 5f, 4 Gearran 2025**

Dearbhaich leis an sgeama ionadail agaibh mus cuir sibh a-steach oir cha bhi cuid de chom-pàirtichean a' ruith ach aon cheann-latha. Airson liosta slàn de chom-pàirtichean is ceanglaichean ri na sgeamaichean fa leth, rachaibh gu **làrach-lìn** Alba Chruthachail.

Tha VACMA a' faighinn taic bho Alba Chruthachail tro mhaoineachadh bhon Chranncur Nàiseanta. Mar sin chan urrainnear VACMA a chleachdadh mar mhaoineachadh com-pàrteachais airson prògram maoineachaidh Alba Chruthachail sam bith eile.

## Ciamar a nithear iarrtas

Tha an stiùireadh seo a' toirt tar-shealladh de na slatan-tomhais agus am pròiseas tagraidh. Leughaidh e mus tòisich sibh air an iarrtas agaibh.

Gus iarrtas a chur a-steach cleachdaibh foirm-iarrtais a' chom-pàirtiche ionadail agaibh, a gheibh sibh air an làrach-lìn aca. Thèid iarraidh oirbh cuideachd na sgrìobhainnean a leanas a thoirt seachad:

- Cunntas-beatha (CB)
- 6 eisimpleirean de dh'obair
- Foirm Sgrùdaidh Co-ionannachd

Gheibhear lethbhreac de na ceistean tagraidh ann an Èarr-ràdh 1 aig deireadh na sgrìobhainne seo.

## Cruthan is Cànanan Eile agus Taic Ruigsinneachd

Tha sinn an geall air pròiseasan iarrtais is prògraman a thabhainn a tha soilleir is ruigsinneach agus a tha fosgailte do na h-uile. Tha am fiosrachadh seo ri fhaotainn ann an cruthan eile, agus air iarrtas, faodar eadar-theangachaidhean a thoirt seachad.

Bidh Alba Chruthachail a' tabhann taic leis a' phròiseas VACMA do luchd-iarrtais a tha gam faicinn fhèin mar b/Bodhar, ciorramach no mar dhaoine air a bheil tinneas sior-bhuan, tinneas inntinn no iomasgarachd-niùro (leithid dyslexia, òtasam, ADHD). Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mu na seòrsaichean taic, ìre de chuideachadh air ar **làrach-lìn**.

Ma tha sibh feumach air taic ruigsinneachd, nach cuir sibh fios dhan sgioba cheistean againn co-dhiù 4 seachdainnean ro cheann-latha nan iarrtasan. Faodaidh sibh an ruighinn aig **enquiries@creativescotland.com**.

## Cia mheud a dh'fhaodas mi iarraidh?

Tha VACMA a' tabhann bhursaraidhean suidhichte de £500 is £1000. Bu chòir dhuibh cuir a-staigh airson na h-ìre de bhursaraidh a tha a' freagairt air na suidheachaidhean agaibh as fheàrr.

- Tha am **bursaraidh de £1000** airson luchd-ealain is luchd-ciùird a tha air a bhith ag obair airson còrr is 5 bliadhnaichean, as bith ma chaidh iad tro fhoghlam fhoirmeil no nach deach.
- Tha am **bursaraidh tràth-dreuchd de £500** airson luchd-ealain is luchd-ciùird a tha air a bhith ag obair airson ùine nas lugha na 5 bliadhnaichean. Tha seo a' gabhail a-steach ceumnaich ùra (2019 no nas fhaide air adhart) agus iadsan nach do rinn sgrùdadh foirmeil air ealain ach a tha air a bhith ag obair mar neach-ealain fad suas ri 5 bliadhna).

## Cò a dh'fhaodas iarrtas a chur a-steach?

- Luchd-ealain lèirsinneach agus luchd-ciùird a tha a' fuireach, no a' cumail suas stiùidio taobh a-staigh sgìre an Ùghdarrais Ionadail dha bheil iad a' cur iarrtas.
- Daoine a fhuair VACMA roimhe a tha air Aithisg Deireadh a' Phròiseict a chur a-staigh.

Tha a' mhaoin seo airson luchd-ealain is luchd-ciùird a tha gnìomhach. Bu chòir gu bheil luchd-iarrtas air cruinneachadh obrach a thoirt gu buil taobh a-muigh foghlam foirmeil (mura h-eil iad nan ceumnaiche ùr) agus bu chòir eòlas a bhith aca air a' phoball a' dol an sàs san cuid obrach.

Faodaidh oileanaich phàirt-thìde iarrtas a chur a-staigh ach feumaidh iad dearbhadh gu bheil iad pàirt-thìde agus nach eil an gnìomhachd air a bheil iad a' cur iarrtas a' dol a dh'ionnsaigh an sgrùdadh acadaimigich aca. Tha tuilleadh fiosrachaidh a thaobh ion-roghnachd oileanaich an lùib nan ceistean cumanta VACMA (Eàrr-ràdh 2).

Cuiribh fios dhan chom-pàirtiche ionadail agaibh airson barrachd fiosrachaidh ma dh'fheumas sibh.

## Cò nach fhaod iarrtas a chur a-steach?

- Oileanaich ann am foghlam làn-ùine.
- Luchd-ealain no luchd-ciùird **nach eil** a' fuireach ann no a' cumail suas stiùidio san sgìre Ùghdarrais Ionadail dha bheil iad a' cur iarrtas.
- Daoine fa leth ag obair ann an cruth-ealain eile seach ealain lèirsinneach no ciùird.
- Daoine a fhuair VACMA roimhe **nach do chuir** aithisg deireadh a' phròiseict a-steach ro cheann-latha an iarrtais.

## Cò air a ghabhas an t-airgead a chleachdadh?

Gabhaidh na bursaraidhean a chleachdadh gus taic a chumail ri raon farsaing de ghnìomhachan a bheir taic do luchd-iarrtas a bhith a' leasachadh an cleachdadh chruthachail.

Faodaidh gnìomhachd a' gabhail a-steach, gun a bhith cuingealaichte ri:

- Trèanadh proifeasanta, cùrsaichean agus ionnsachadh co-aoisean.
- Comhairleachadh and leasachadh sgilean.
- A' cur bheachdan is pròiseasan ùra gu deuchainn.

- A' dèanamh rannsachadh air agus a' leasachadh obair ùr.
- A' cur stuthan seasmhach is ath-nuadhachail, dealbhadh cruinn is pròiseasan de bhuidh ìosail gu deuchainn.
- Muinntireasan a tha air an gnàthachadh a thaobh an leasachaidh chruthachail is phroifeasanta agaibh.
- Uidheamachd far a bheil feallsanachd shoilleir ann air mar a leasaicheas e ur cleachdadh agus a chumas e taic ri deuchainneachd.
- Taic a bharrachd a dh'ionnsaigh obair ùr a dhèanamh airson taisbeanadh.

## Cha toir a' mhaoin seo taic do

Cha chur VACMA taic ri:

- Gnìomhachdan a tha an dùil tòiseachadh mus cluinn sibh an co-dhùnadh agaibh. Feumaidh sibh co-dhiù **8 seachdainean** a leigeil às dèidh a' chinn-latha mus tòisich sibh air ur gnìomhachd.
- Gnìomhachdan acadaimigeach is cùrsaichean no trèanadh a tha ag adhbharachadh teisteanas creideasach.
- Gnìomhachdan tòiseachadh gnìomhachais is leasachadh gnìomhachais.
- Iarrtasan a tha airson margaidheachd is cosgaisean làraich-lìn a-mhàin.
- Pròiseactan film mura h-eil sibh nur neach-ealain lèirsinneach ag obair le ìomhaighean gluasadach.
- Pròiseactan na coimhearsnachd no foghlaim.
- Dealbhadh agus dealbhadh grafaigeach nach eil ann an co-theacsa ealain lèirseannach no ciùird.
- Pròiseactan togail leithid ùrachaidhean no ath-uidheamachadh thoglaichean.
- Iarrtasan a tha airson cosgaisean freàmaidh is taisbeanaidh a-mhàin.
- Pròiseactan a tha a' gabhail a-steach maoinachadh com-pàirteachais bho phrògraman VACMA no Alba Chruthachail eile.

## Slatan-tomhais

Bheir VACMA prìomhachas do dh'iarrtasan a sheallas gu soilleir:

- **Gealltanais ri cleachdadh** - tha stuthan an iarrtais agaibh a' sealltainn eòlas buntainneach agus gealltanais leantainneach ri leasachadh an cleachdadh ealain lèirsinneach no ciùird agaibh.
- **Leasachadh cruthachail** - tha an t-iarrtas agaibh a' mìneachadh gu soilleir an cothrom airson leasachadh agus a' bhuidh a thathas an dùil a bheireadh e air ur sgilean is beachdan cruthachail.
- **Plana pròiseict soilleir** - tha stuthan an iarrtais agaibh a' sealltainn gun gabh an gnìomhachd a thathas a' moladh a dhèanamh agus gu bheil plana libhrigidh soilleir ann.

Tha e cuideachd mar phrìomhachas do VACMA taic a chumail ri Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltachd (EDI) agus Seasmhachd Àrainneachd. Gabhaidh sinn fa-near dhaibh seo nuair a tha sinn a' cur prìomhachas air iarrtasan oir tha na maoinan ag amas air taic a chumail ri iomadachd ghuthan. Tha seo a' ciallachadh, nuair a tha iarrtas mòr romhainn, gum faod sinn prìomhachas a chur air luchd-iarrtais nas ùire agus orrasan air an robh bacaidhean adhartas a dhèanamh nan cleachdadh. Cuiridh sinn prìomhachas cuideachd air pròiseactan is gnìomhachdan a bheir fa-near do agus a nì obair gus a' bhuidh air an àrainneachd a lughdachadh.

## Na tha sinn a' sireadh

### Gealltanais ri Cleachdadh

Bheir am panail sùil air na freagairtean sgrìobhte, CB is eisimpleirean obrach agaibh nuair a tha iad a' measadh an iarrtais agaibh. Tha an CB agaibh a' cuideachadh gus an eòlas roimhe agus gealltanais ri cleachdadh agaibh a shealltainn. Cuiribh na rudan as ùra an toiseach agus thoiribh a-mach gnìomhachdan sam bith nach eil ceangailte ri ealain. Dh'fhaodadh gum bi an stiùireadh seo air **làrach-lìn** Artquest a' cuideachadh.

Bu chòir eisimpleirean obrach a thaghadh gu faiceallach, a' nochdadh a' chleachdaidh làithreach agaibh agus bu chòir gum bi iad de dh'àrd-chàileachd. Cuimhnichibh tiotalan, cinn-latha, meadhan agus (far a bheil iomchaidh) meudachd na h-obrach. Tha ìomhaighean matha agus soilleir a' sealltainn gu bheil sibh a' cur luach san obair agaibh agus a' nochdadh gu bheil ìre de phroifeiseantachd agaibh. Is dòcha gum bi an **stiùireadh** seo mu bhith a' togail dhealbhan den obair-ealain agaibh feumail dhuibh.

Ma tha sibh a' moladh obair a leasachadh ann an cruth no meadhan ùr, tha e cuideachail 1 no 2 ìomhaigh a ghabhail a-stach a bhios a' leigeil an atharrachaidh seo fhaicinn.

### Leasachadh Cruthachail

Faighibh adhbhar soilleir airson iarrtas a chur a-steach. Thoiribh cunntas slàn air a' ghnìomhachd dha bheil sibh a' cur a-steach agus minichibh mar a bhios e na bhuannachd dhan leasachadh chruthachail is phroifeasanta agaibh. Bidh am panail ag iarraidh a thuigsinn mar a tha a' ghnìomhachd a thathas a' moladh a' ceangail ris an obair agaibh roimhe agus a' bhuidhe a thathas a' dùileachadh a bheir e air na sgilean cruthachail, beachdan is cothroman ri teachd agaibh.

Feuchaibh a bhith cho mionaideach 's a ghabhas. Mar eisimpleir, ma tha sibh a' cur a-steach airson trèanadh no taic comhairleachaidh, cò leis am bi sibh ag obair is carson? Ciamar a bhios seo na bhuannachd dhan chleachdadh agaibh?

### Plana Pròiseict Soilleir

Nì am panail measadh air comasachd na gnìomhachd a thathas a' moladh, a rèir an fhiosrachaidh a bheir sibh seachad. Dèanaibh cinnteach gu bheil an loidhne-tìde agaibh practaigeach is gun leig sibh **8 seachdainean às dèidh a' chinn-latha mus tòisich sibh air ur gnìomhachd**. Chan urrainn dhuinn maoin a thoirt do ghnìomhachdan sam bith a bhios a' tòiseachadh mus faigh sibh an co-dhùnadh againn.

Smaoinichibh mu chunnart sam bith a bheireadh buaidh air a' phròiseact agaibh agus gun innis sibh dhuinn mar a lughdaicheas sibh iad. Mar eisimpleir, ma tha sibh am beachd cùrsa a dhèanamh, a bheil sibh air na cinn-latha is faotainneachd a rannsachadh? Am biodh sibh comasach air an loidhne-tìde agaibh atharrachadh mura gabh na cinn-latha tùsail agaibh a dhèanamh tuilleadh?

Ma tha sibh a' cur a-steach airson taisbeanadh no muinntearas, bu chòir dhuibh litir dearbhachaidh a ghabhail a-steach bhon àite no buidheann a mhìnicheas na tha iad a' cur ris a' phròiseact.

Ma tha sibh am beachd an taisbeanadh agaibh fhèin a chur air dòigh, bhiodh dùil againn fianais fhaicinn gun do bheachdaich sibh mar a ruigeas sibh luchd-èisteachd, agus mar a chleachdas sibh ionadan ruigsinneach.

## Buidseat

Leis gu bheil ìrean nam bursaraidhean suidhichte, chan fheum sibh gearr-chunntas a thoirt de chosgaisean a' phròiseict/gnìomhachd agaibh. Ach, bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach gun gabh na tha sibh a' moladh a dhèanamh taobh a-staigh ìre a' bhursaraidh dha bheil sibh a' cur a-steach.

Ma bhios sibh ag obair còmhla ri daoine eile sa phròiseact seo, mar eisimpleir comhairlichean no oidean, dh'iarraimaid oirbh sùil gheur a thoirt air na sibh a' pàigheadh dha na daoine a tha an sàs ann an libhrigeadh a' phròiseict agaibh. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air ìrean pàighidh air [Iàrach-lìn Alba Cruthachail](#).

Chan eil obair com-pàirteachais na riatanas den mhaoin. Ach mas e 's nach eil am bursaraidh VACMA a' còmhdachadh ach pàirt den phròiseact no gnìomhachd agaibh, feumaidh sibh innse dhuinn ciamar a tha sibh gu bhith a' maoineachadh a' chòrr dheth. Thoiribh fios mu thabhartasan airgid no stuthail ann an earrann buidseit an fhoirm iarrais.

Faodar Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta iarraidh a thuilleadh air a' bhursaraidh VACMA. Faicibh an t-earrann gu h-ìosal agus na Ceistean Cumanta VACMA (Èarr-ràdh 2) airson tuilleadh fiosrachaidh.

Tha VACMA a' faighinn taic bho Alba Chruthachail tro mhaoineachadh bhon Chrannchur Nàiseanta. Mar sin chan urrainnear bursaraidh VACMA a chleachdadh mar mhaoineachadh com-pàirteachais airson prògram maoineachaidh Alba Chruthachail sam bith eile. Tha seo a' gabhail a-steach, gun a bhith cuingealaichte ri, sgeamaichean VACMA eile, Maoin Fhosgailte do Dhaoine fa Leth agus am Bursaraidh Siubhal Stephen Palmer.

## Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltachd (EDI)

Tha Alba Chruthachail is gach com-pàirtiche VACMA eile an geall air taic a chumail ri [Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltachd \(EDI\)](#). Tha e mar phrìomhachas gum bi na maoinean a' cumail taic ri farsaingeachd ghuthan gus leasachadh is an stèidheachadh nan cleachdadh. Tha seo a' ciallachadh, nuair a tha iartras mòr romhainn, gum faod sinn prìomhachas a chur air luchd-iarrais nach d' fhuair taic roimhe tro VACMA agus orrasan air a bheil bacaidhean adhartas a dhèanamh nan cleachdadh.

Chan eil sinn an dùil gum bi pròiseactan a' cuimseachadh air EDI, ach tha sinn an dùil gun toir gach neach-iarrais fa-near agus spèis do na prionnsapalan seo nuair a tha iad a' dealbhadh na gnìomhachd aca. Ma bha bacadh sam bith oirbh a thaobh leasachadh a' cleachdaidh agaibh, faodaidh sibh innse dhuinn mun deidhinn.

Ma tha sibh fhèin no prìomh cho-obraiche sa phròiseact agaibh Bodhar, ciorramach, iomasgarachd-niùro no ma tha tinneas sìor-bhuan oirbh no orra faodaibh sibh taic iarraidh le Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta a tha a' buntainn gu dìreach ri libhrigeadh a' phròiseict a tha am beachd agaibh. Thathas a' dèiligeadh ri Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta air leth bhon iartras bhursaraidh, tha seo gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-iarrais le feumalachdan ruigsinneachd comasach air a' bhursaraidh slàn a chleachdadh airson na gnìomhachd a tha iad a' moladh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta leughaidh na Ceistean Cumanta VACMA (Èarr-ràdh 2).

## Seasmhachd Àrainneachd

Tha e cuideachd mar phrìomhachas do dh'Alba Chruthachail is com-pàirtichean VACMA air fad a bhith a' cumail taic ri is a' brosnachadh **seasmhachd àrainneachdail**. Ged nach eil sinn an dùil gum bi pròiseactan a' cuimseachadh air an àrainneachd, tha sinn ag iarraidh a h-uile neach-iarrtais beachdachadh air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bheir a' ghnìomhachd a tha iad a' moladh air an àrainneachd agus mìneachadh nan ceuman a tha iad a' gabhail gus a' bhuidh seo a lùghdachadh.

'S dòcha gum bi na goireasan seo feumail dhuibh:

**Goireas Àrainneachail an Luchd-ealain | Fife Contemporary**

**Goireasan airson Luchd-ealain | Carbon Cruthachail na h-Alba**

## A' cur ur foirm-iarrtais a-steach

Cleachdaibh am foirm-iarrtais airson na sgìre ionadail agaibh. Feuch an cuir sibh an t-iarrtas coileanta agaibh dhan t-seòladh phuist-d a tha air a thoirt seachad air foirm-iarrtais an sgeama ionadail agaibh. Feumaidh sibh ainm-sgrìobhte eileagtronaigeach a chur ann no dreach sganachta de dhuilleag an soidhniche a chur thugainn.

Còmhla ris an fhoirm-iarrtais, thèid iarraidh oirbh na leanas a chur a-staigh:

- CB a' toirt fiosrachadh air ur cuid eòlais gu ruige seo
- 6 eisimpleirean de dh'obair o chionn ghoirid
- Foirm Sgrùdaidh Co-ionannachd.

Bheir am Foirm Sgrùdaidh Co-ionannachd fiosrachadh staitistigeil riatanach dhuinn gus an tuig sinn cò gheibh maoinachadh agus beàrnan sam bith aithneachadh. Tha e gun urra agus thèid a làimhseachadh air leth bhon iarrtas agaibh. Tha dàta air an riaghladh gu dìomhair; chan eil buaidh aca air an iarrtas agaibh agus thèid an làimhseachadh a rèir laghan Dion Dàta agus GDPR. Mur a h-eil fios agaibh air cuid den fhiosrachadh no nach eil sibh airson a thoirt seachad, faodaidh sibh am bocsa "B' fheàrr leam gun a ràdh" a lìonadh.

'S dòcha gum bi leth-bhreacan air an dèanamh de dh'eisimpleirean de dh'obair bho luchd-iarrtais soirbheachail agus air an cumail airson cleachdadh ann an aithisgean agus stuthan margaidheachd. Thoiribh fa-near gu bheil dleastanas aig gach sgeama airson an t-sanais prìobhaideachd aca fhèin a tha mar phàirt den stiùireadh seo agus a' buntainn ris an fhiosrachadh a bheir sibh seachad san iarrtas agaibh agus mar a thèid a làimhseachadh. Tha am brath seo an cois an fhoirm iarrtais. Feuch an leugh sibh e mus tòisich sibh air an iarrtas agaibh.



## Pròiseas co-dhùnaidh

Bidh gach iarrtas a' dol tro sgrùdadh ion-roghnachd thùsail gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' coinneachadh ri riatanasan na maoine.

Thèid iarrtasan ion-roghnach air beulaibh coinneamh panail far an tèid co-dhùnaidhean a dhèanamh air cò gheibh taic. Tha am panail air a dhèanamh suas de riochdairean bhon bhuidheann chom-pàrteachaidh ionadail no buill air an taobh a-muigh. Bidh buill a' phanail air an taobh a-muigh gar cuideachadh gus sealladh nas fharsainghe fhaighinn agus faodaidh iad gabhail a-steach measgachadh de luchd-ealain, cruthaichearan, glèidheadairean, oidean no luchd-proifeasanta nan ealan eile. Bidh luchd-obrach Alba Chruthachail tric a' frithealadh phanailean gus tar-shealladh de VACMA a chumail suas. Bidh panailean ag atharrachadh gu tric gus dèanamh cinnteach gu bheil sreath de ghuthan a' cur ris a' phròiseas cho-dhùnaidh.

Ro choinneamh a' phanail, leughaidh am panail an t-iarrtas sgrìobhte agaibh agus nì iad sgrùdadh air an stuth taiceil. Rè coinneimh a' phanail, thèid na stuthan lèirsinneach agus sgrìobhte a dheasbad a thaobh nan slatan-tomhais. Tha na molaidhean airson duaisean stèidhichte air na deasbadan seo.

Cha chleachd am panail ach stuthan an iarrtais gus a cho-dhùnadh a dhèanamh. Cha toirt buill a' phanail ro-eòlas a th' aca oirbh no air an obair agaibh a-steach dhan phròiseas cho-dhùnaidh. 'S e co-dhùnadh stèidhichte air fianais a th' againn air seo agus tha e ag amas ri dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-iarrtais air an làimhseachadh gu cothromach. Na gabh ris gum bi eòlas aig a' phanail oirbh no gum faca iad an obair agaibh mar-thà.

Bidh co-dhùnaidhean gan toirt seachad taobh a-staigh **8 seachdainean** bhon cheann-latha. Bithear ann an conaltradh leibh ma tha atharrachadh sam bith dhan clàr-ama seo.

## Riatanasan aithris

Thathas an dùil gun lìon a h-uile neach-iarrtais soirbheachail Aithisg Sgrùdaidh Deireadh Pròiseict. Tha an aithisg seo gar cuideachadh ri buaidh VACMA a thuigsinn agus tha e a' cumail taic ri leasachadh an sgeama.

Thoiribh fa-near, ma tha sibh ag iarraidh a chur a-steach airson bursaraidh VACMA eile san àm ri teachd, gum feum sibh an toiseach Aithisg Sgrùdaidh Deireadh Pròiseict a chur a-staigh. Bidh comas aig ur com-pàirtiche ionadail ri teamlaid an aithisg a thoirt dhuibh.

## Dè thachras mura h-eil mi soirbheachail?

Tha an t-airgead seo farpaiseach agus tha sin a' ciallachadh nach tèid a h-uile iarrtas a choinnicheas ris na slatan-tomhais a mhaoineachadh. Mura h-eil sibh soirbheachail, feuch an toir sibh ùine airson meòrachadh air an fhios air ais a thug am pannail, no faighnich ma tha fios air ais ri fhaotainn. Mura h-eil sibh a' tuigsinn an fhios air ais no ma tha sibh feumach air soilleireachd, faodaidh sibh post-d a chur dhan chom-pàirtiche ionadail agaibh.

Chan fheum a bhith air a dhiùltadh iomradh a thoirt air càileachd na h-obrach agaibh ach air neart a' mholaidh agaibh an taca ri feadhainn eile air a bheilear a' beachdachadh. Tha eòlas againn air daoine a bhith air an diùltadh ann an aon chuairt agus an uair sin ag ath-thagradh gu soirbheachail le iarrtas nas làidire agus nas cuimsichte an dèidh beachdachadh air fios air ais bhon phanail.

## Barrachd fiosrachaidh agus taic

Airson ceistean a thaobh an ion-roghnachd agaibh, am pròiseas iarrtais, stiùireadh no foirm-iarrtais, cuiribh fios dhan sgeama ionadail agaibh. Tha liosta slàn de chom-pàirtichean an sàs agus ceanglaichean ri sgeamaichean fa leth ri fhaotainn aig [www.creativescotland.com/vacma](http://www.creativescotland.com/vacma)

Ma tha ceist coitcheann sam bith agaibh mu VACMA no prògram maoineachaidh sam bith eile aig Alba Chruthachail, cuiribh fios dhan t-seirbheis Fiosrachaidh aig Alba Chruthachail. Faodaidh sibh seo a dhèanamh tro phost-d, tron làrach-lìn no meadhanan sòisealta againn.

**Post-d:** [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)

**Lìon:** Lìonaibh foirm [air an làrach-lìn againn](#)

Ma tha sibh B/bodhar agus nur cleachdaiche BSL, faodar cothrom fhaighinn air ar seirbheisean tron phrògram Contact Scotland-BSL.

Rachaibh gu: [www.contactscotland-bsl.org](http://www.contactscotland-bsl.org) airson barrachd fiosrachaidh.

## Eàrr-ràdh 1 – Ceistean Iarrtais

Tha na ceistean iarrtais mar an ceudna thar nan sgeamaichean VACMA air fad. Tha an eàrr-ràdh seo a' toirt liosta de na ceistean a tha an cois an fhoirm-iarrtais, ach **feumaidh sibh foirm-iarrtais na sgìre agaibh fhèin a chleachdadh nuair a tha sibh a' cur a-steach**. Gabhaidh seo a luchdadh a-nuas bho làrach-lìn ur com-pàirtiche ionadail.

Aig toiseach an fhoirm-iarrtais thèid iarraidh oirbh ur n-ainm, seòladh, fiosrachadh conaltraidh is làrach-lìn (ma tha seo iomchaidh) a thoirt seachad.

- Ceann-latha tòiseachaidh a' Phròiseict / Ceann-latha crìochnachaidh a' Phròiseict**
- Ìre a' bhursaraidh dhan do chuirear a-steach** (comharraich): £500/£1000
- Gnè-ealain** (comharraich): Ealain/Ceàird lèirsinneach
- Cò às na h-aithrisean a leanas a tha a' buntainn riut** (comharraich): Tha mi a' fuireach ann an [ainm na Sgìre Ùghdarrais Ionadail] / Tha mi a' cumail suas stiùidio ann an [ainm na Sgìre Ùghdarrais Ionadail]
- Thoiribh seachad geàrr-chunntas air a' ghnìomhachd a tha sibh a' moladh.** (30 faclan aig a' char as motha)  
Thoiribh fa-near gum faod sinn an teacsa seo a chleachdadh airson margaidheachd is conaltradh ma tha sibh soirbheachail.
- Innsibh dhuinn mun chleachdadh chruthachail agaibh.** (250 faclan aig a' char as motha)  
Thoiribh geàrr-chunntas air na h-ùidhean agaibh is na tha gur brosnachadh, am pròiseas cruthachail agaibh, an obair a nì sibh agus prìomh choileanaidhean sam bith gu ruige seo.
- 7. Thoiribh seachad geàrr-chunntas air a' ghnìomhachd a tha sibh a' moladh.** (300 faclan aig a' char as motha)  
Innsibh dhuinn dè tha sibh airson a dhèanamh agus carson? Bu chòir dhuibh leudachadh air an fhiosrachadh a thugadh seachad anns a' gheàrr-chunntas gu h-àrd. Feuchaibh a bhith cho mionaideach 's a ghabhas.
- Ciamar a chuireas seo ris an leasachadh chruthachail is proifeasanta agaibh?** (300 faclan aig a' char as motha)  
Ciamar a bheir am bursaraidh taic dhuibh ann a bhith a' leasachadh nan sgìlean is beachdan cruthachail agaibh? Ciamar a dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air a' chleachdadh agaibh a-nis agus san àm ri teachd?

9. **Thoiribh loidhne-tìde ghoirid airson a' phròiseict agaibh agus innsibh dhuinn ciamar a bhios sibh a' stiùireadh chunnartan sam bith.**

(200 faclan aig a' char as motha)

Minichibh prìomh ìrean a' phròiseict agaibh agus innsibh dhuinn mu chunnart sam bith a tha sibh air aithneachadh agus mar a lughdaicheas sibh iad. Ma tha sibh air obair ullachaidh sam bith a dhèanamh, faodaidh sibh innse dhuinn mu dheidhinn an seo. Faodaidh sibh puingean-peileir a chleachdadh san earrann seo.

10. **A bheil eileamaid phoblach sa mholadh agaibh?**

(200 faclan aig a' char as motha)

Ma tha, innsibh dhuinn dè bhios na lùib agus ciamar a ruigeas sibh daoine no an toirt an sàs?

11. **Innsibh dhuinn ciamar a bheachdaicheas sibh air Co-ionannachd, Ion-ghabhaltas agus Iomadachd (EDI) taobh a-staigh na gnìomhachd a tha sibh a' moladh agus/no cleachdadh nas fharsainghe.**

(200 faclan aig a' char as motha)

Ma tha sibh ag iarraidh gum bi am panail mothachail air bacaidhean sam bith a tha air buaidh a thoirt air a' chleachdadh no gnìomhachd a tha sibh a' moladh, faodaidh sibh innse dhuinn mun deidhinn an seo.

12. **Innsibh dhuinn ciamar a lùghdaicheas sibh a' bhuidh a bheir a' ghnìomhachd agaibh a tha sibh a' moladh air an àrainneachd agus/no ciamar a tha sibh a' dèiligeadh ri adhbharan is buaidh atharrachadh air a' ghnàth-shìde tron chleachdadh agaibh.** (200 faclan aig a' char as motha)

13. **An d' fhuair sibh tabhartas VACMA roimhe?**

(comharraich): Fhuair/Cha d' fhuair

14. **A bheil feum agaibh air taic le Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta?**

(comharraich): Fhuair/Cha d' fhuair

Ma tha, nach toir sibh geàrr-chunntas air na Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta seo.

Thèid iarraidh oirbh cuideachd geàrr-chunntas a thoirt air teachd a-steach a' phròiseict agus foirm tagraidh obair-ealain sa bheil tiotal, ceann-latha, meudachd (far a bheil seo iomchaidh) agus meadhan na h-obrach.

## Eàrr-ràdh 2 – Ceistean Cumanta

### A bheil crìoch air àireamh nan iarrtasan VACMA a dh'fhaodas mi a dhèanamh?

Chan eil crìoch air àireamh nan iarrtasan VACMA a dh'fhaodas sibh a dhèanamh, tha e mar phrìomhachas ge-tà gum bi gach com-pàirtiche VACMA a' cumail taic ri iomadachd ghuthan. Tha seo a' ciallachadh ma tha sibh air maoinachadh fhaighinn bho sgeama VACMA roimhe, 's dòcha gun cuir sinn prìomhachas air taic do luchd-iarrtais ùr.

Ma tha sibh air bursaraidh VACMA fhaighinn roimhe, feumaidh sibh aithisg deireadh pròiseict a chur a-steach mus dèan sibh ath-thagrachd.

### Dè an Sgeama VACMA dham bu chòir dhomh a chur a-steach?

Bu chòir dhuibh a chur a-steach dhan sgeama san Ùghdarras Ionadail sa bheil sibh a' fuireach. Mura h-eil sgeama VACMA san sgìre sa bheil sibh a' fuireach, faodaidh sibh cuir a-steach do sgeama ann an sgìre eile sa bheil sibh a' cumail suas stiùidio. Mura h-eil sibh cinnteach, dearbhaich leis a' chom-pàirtiche ionadail agaibh mus cuir sibh iarrtas a-steach.

### Chan eil sgeama ionadail san sgìre agam, am faod mi a cuir a-steach do sgeama eile?

Bidh cuid de sgeamaichean VACMA a' còmhachadh iomadh sgìre Ùghdarras Ionadail, thoiribh sùil air liosta slàn sgeamaichean VACMA a dh'fhaicinn ma tha an sgìre agaibh nam measg.

Mura h-eil sgeama VACMA ri fhaotainn san sgìre ùghdarras ionadail agaibh, ma dh'fhaoidte gum bi sibh ion-roghnach iarrtas a chur a-steach ma tha sibh a' cumail suas stiùidio ann an sgìre ùghdarras ionadail aig a bheil sgeama VACMA. Dearbhaich leis a' chom-pàirtiche ionadail agaibh mus cuir sibh iarrtas a-steach.

### Ciamar a tha fios agam ma tha sgeama VACMA san sgìre ionadail agam?

Gheibhear liosta slàn de chom-pàirtichean is sgeamaichean fa leth air [làrach-lìn Alba Chruthachail](#). Bidh cuid de sgeamaichean VACMA a' còmhachadh còrr is aon sgìre Ùghdarras Ionadail. Far a bheil seo ann, thèid a mhìneachadh gu soilleir ann an tiotal an sgeama VACMA. Mura h-eil sibh cinnteach fhathast a bheil VACMA a' còmhachadh na sgìre agaibh cuiribh fios dhan sgioba Ceistean air [enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com).

### Dè th' ann an Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta?

'S iad Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta cosgaisean a tha co-cheangailte ris na feumalachdan ruigsinneachd agaibh fhèin, agus/no feumalachdan ruigsinneachd prìomh cho-obraichean sam bith a tha an sàs sa phròiseact agaibh, mar eisimpleir comhairliche no oide. Tha sinn mothachail gum faod cosgaisean a bharrachd a bhith aig luchd-iarrtais a tha Bodhar, ciorramach, iomasgarachd-niùro no air a bheil tinneas sior-bhuan, a tha co-cheangailte ris na feumalachdan ruigsinneachd aca. Tha sinn mothachail cuideachd gu bheil bacaidhean mu choinneimh iadsan le dleastanasan cùraim ann a bhith a' leasachadh an cleachdaidh aca.

Tha Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta air leth bhon iarrtas bhursaraidh agaibh. Tha seo a' dèanamh cinnteach gun cosg gach neach-iarrtais am bursaraidh slàn air a' gnìomhachd air a bheil iad am beachd.

## Cò a dh'fhaodas Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta iarraidh?

Faodaidh sibh taic iarraidh le Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta ma tha sibh fhèin no prìomh cho-obraiche sa phròiseact agaibh:

- b/Bodhar
- Ciorramach
- Iomasgarachd-niùro
- Ma tha tinneas sior-bhuan no staid-slàinte fad-ùine oirbh no orra
- Ma tha dleastanasan cùraim agaibh no aca.

'S e cuid de dh'eisimpleirean de chosgaisean ruigsinneachd:

- Neach-mìneachaidh BSL
- Uidheamachd no bathar-bog sònraichte
- Neach-cuideachaidh Pearsanta do neach le ciorram
- Cosgaisean cùraim-chloinne aon turais no geàrr-thìde.

Chan eil an liosta seo iomlan. Bu chòir dhuibh innse dhuinn dè tha a dhith oirbh gus a' ghnìomhachd a libhrigeadh.

**Thoiribh fa-near gum measar cosgaisean cùraim-chloinne mar shochair air an cuirear cìsean, is ged a bheir Alba Chruthachail na cosgaisean sin seachad, bidh e an urra ribhse seo aithris do HMRC.**

## Am faod mi buidseat a bharrachd iarraidh gus am bi am pròiseact agam ruigsinneach do luchd-èisteachd?

Chan fhaod. Cha beachdaich sinn ach air iarrtasan airson Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta, a tha co-cheangailte ri bacaidhean a thoirt air falbh dhuibh fhèin mar neach fa leth no do phrìomh cho-obraiche sa phròiseact agaibh. 'S ann fo chosgaisean ruigsinneachd coitcheann a tha cosgaisean co-cheangailte ri bhith a' toirt air a' phròiseact agaibh a bhith ruigsinneach do luchd-èisteachd no com-pàirtichean agus bu chòir gu bheil am prìomh bursaraidh gan còmhdachadh. Bidh iad a' gabhail a-steach rudan leithid fo-thiotalan a chur ann agus cleachdadh ionadan ruigsinneach.

## A bheil Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta a' gabhail a-steach siubhal agus àite-fuirich?

Sa mhòr-chuid de chùisean cha mheasar cosgaisean siubhail agus àite-fuirich mar Chosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta. San fharsaingeachd, thathas gam meas mar phrìomh chosgaisean a' phròiseict agus bu chòir gum bi am bursaraidh gan còmhdachadh. Ach, ma tha sibh b/bodhar, ciorramach, iomasgarachd-niùro, ma tha tinneas sior-bhuan no staid-slàinte fad-ùine oirbh dh'fhaodadh gum faigh sibh cosgaisean nas àite airson siubhail is àite-fuirich. Mas e seo a' chùis, faodaidh sibh na cosgaisean a bharrachd seo a chur fo Chosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta. Mar eisimpleir, ma tha sibh feumach air Neach-cuideachaidh Pearsanta, tacsaidhean dhan/bhon cheann-uidhe agaibh no àite-fuirich a bharrachd.

## Ciamar a dh'iarras mi Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta?

Nuair a tha sibh a' lionadh an fhoirm-iarrais thèid fhaighneachd dhuibh nam bu thoil leibh taic le Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta. Ma thaghas sibh 'bu thoil' iarraidh sinn oirbh innse dhuinn a' mheud agus geàrr-chunntas a thoirt air na cosgaisean a tha an lùib.

## **A bheil àite sam bith eile ann as urrainn dhomh taic fhaighinn le Cosgaisean Ruigsinneachd Pearsanta?**

Is dòcha gum faod sibh tagradh airson taic bho mhaoin Cothrom air Obair Riaghaltas na RA, a dh'fhaodas cuideachadh le cuid de cosgaisean a bharrachd den obair agaibh a dhèanamh, no siubhal gu, à agus rè ur n-obair ma tha sibh ciorramach. Tha tuilleadh fiosrachaidh air Cothrom air Obair ri fhaotainn air [làrach-lìn Riaghaltas na RA](#).

## **Am feum mi teisteanas foirmeil sam bith gus iarrtas a chur a-steach?**

Chan fheum sibh teisteanas foirmeil sam bith gus cuir a-steach. Ach, bi feum agaibh sealltainn gu bheil sibh nur neach-ealain gnìomhach. Tha sinn an dùil gum bi luchd-iarrtas air cruinneachadh obrach a thoirt gu buil agus bu choir eòlas a bhith aca air a' phoball a' dol an sàs leis an cuid obrach. Mar eisimpleir, tro thaisbeanaidhean poblach, fèill obair-chiùird, tachartasan-cluiche, òraidean, tachartasan no pròiseactan le còm-pàirt shòisealta.

## **Dè tha sibh a' ciallachadh le 'neach-ealain/ciùird gnìomhach'?**

Tha sinn a' cleachdadh a' bhriathair 'neach-ealain/ciùird gnìomhach' a chiallachadh neach-ealain no neach-ciùird a tha ag obair gu cunbhalach agus aig a bheil eòlas air taisbeanadh no ruighinn a' phobaill leis an cuid obrach. Mar eisimpleir, tro thaisbeanaidhean poblach, fèill obair-chiùird, tachartasan-cluiche, òraidean, tachartasan no pròiseactan le còm-pàirt shòisealta. Cha toir sinn maoin eachadh do luchd-ealain/ciùird aig nach eil eòlas air a' phoball a bhith a' dol an sàs leis an obair no aig a bheil eòlas a-mhàin air an obair a thaisbeanadh tro na meadhanan sòisealta.

## **Tha mise nam cheumnach ùr, am faod mi an teisteanas agam a shealltainn mar fhianais gu bheil mi air cruinneachadh obrach a dhèanamh?**

Ma tha sibh a' cur a-steach airson bursaraidh tràth-dreuchd faodaidh sibh an teisteanas agaibh a shealltainn mar fhianais gu bheil sibh air cruinneachadh obrach a thoirt gu buil. Ach, is dòcha gum bi sibh cuideachd ag iarraidh beagan eisimpleirean a ghabhail a-steach de dh'obair a tha sibh air leasachadh bho cheumnaich sibh.

Ma tha sibh a' cur a-steach airson a' bhursaraidh de £1000 **feumaidh** sibh a shealltainn gu bheil sibh air cruinneachadh obrach a thoirt gu buil taobh a-muigh foghlam foirmeil.

## **An urrainn do dh'oileanaich iarrtas a chur a-steach airson VACMA?**

Chan urrainn do dh'oileanaich a tha ann am foghlam làn-thìde iarrtas a chur a-steach airson VACMA. Ma tha sibh nur n-oileanach pàirt-thìde, faodaidh sibh cuir a-steach ach feumaidh sibh dearbhadh gu bheil sibh pàirt-thìde agus nach eil a' ghnìomhachd dha bheil sibh a' cur a-steach na thaic don obair oilthighe agaibh.

Mar is trice bhiodh dùil againn ri seo a nochdadh tro litir bhon neach-coimhidh agaibh, oide no cuideigin leis an aon ìre de thuigse air an obair agaibh, gu h-àraid ma tha cuspairean an rannsachaidh agus am pròiseact/ghnìomhachd dha bheil sibh a' cur a-steach a' tar-lùbadh. Dh'fhaodadh gun urrainn dhuibh seo a nochdadh cuideachd le bhith a' cur sgana den litir màithreachaidh agaibh na chois ma tha e a' sealltainn gu soilleir raon a' chuspair agaibh agus an inbhe phàirt-thìde agaibh.

Cha toir VACMA taic do dh'oileanaich leis na cosgaisean bith-beò, cìsean oideachais no cosgaisean co-cheangailte ri prògraman foghlaim làn-thìde, fad-ùine, foirmeil no creidseach san RA no thall-thairis. Airson barrachd fiosrachaidh air ionmhas oileanaich ann an Alba, rachaibh gu: **Fiosrachadh Oileanaich Alba**.

### **An urrainn dhomh cuir a-steach gus làrach-lìn a dhèanamh airson gnìomhachdan margaidheachd?**

'S urrainn, 's e adhbhar an sgema VACMA seo gus taic a chumail ri luchd-ealain agus luchd-ciùird anns an leasachadh cruthachail agus proifeiseanta aca. Faodaidh seo a ghabhail a-steach beachdan is pròiseasan ùra a chur gu deuchainn. Bu chòir dhuibh ge-tà mìneachadh ciamar a tha a' gnìomhachd a tha sibh a' moladh co-cheangailte ris an obair roimhe agaibh. Ma tha sibh a' cur a-steach airson taic gus loidhne ùr den chleachdadh agaibh a leasachadh (m.e. ma tha sibh nur neach-peantaidh ag iarraidh obair ìomhaighean gluasadach a leasachadh) bu chòir dhuibh mìneachadh carson. Faodaidh e a bhith na chuideachadh dhan phanail a bhith a' tuigsinn ceann-uidhe ur n-obrach ma chuireas sibh dealbhan na chois de dheuchainneachd.

Ma tha sibh a' cur a-steach airson taic ann a bhith a' stiùireadh a' chleachdadh againn ann an dòigh ùr (m.e. mas e neach-ealain a th' annad a tha a' leasachadh cleachdadh chiùird no a chaochladh), bidh e na chuideachadh dhan phanail a bhith a' tuigsinn gun gabh na tha sibh a' moladh a dhèanamh le bhith a' cur beagan deuchainneachd na chois. Is dòcha gum biodh sibh airson beachdachadh cuideachd air a chur a-steach airson bursaraidh tràth-dhreuchd, fiù 's ma tha sibh stèidhichte ann am meadhan eile, gus nàdar an raoin ùir seo de chleachdadh a nochdadh. Thoiribh fa-near gur e adhbhar nam bursaraidhean seo taic a chumail ri leasachadh na h-obrach agaibh an-dràsta seach atharrachadh dreuchd.

### **Am faod mi cuir a-steach airson pròiseact co-obrachail le neach-ealain eile?**

Faodaidh sibh iarrtas a chur a-steach gus obair còmhla ri neach-ealain eile. Ma tha sibh a' cur co-mholaidh a-steach feumaidh cuideigin a bhith aig an stiùir. Air ìre phractaigeach tha seo a' ciallachadh gum faigheadh iad is gun stiùireadh iad fhèin na maoinan.

Ma tha sibh a' cur a-steach iarrtasan fa leth (dhan aon sgeama no sgeamaichean diofraichte) gus na cosgaisean agaibh fhèin a mhaoineachadh, bu chòir dhuibh measadh a dhèanamh air na cunnartan a thaobh na dòigh-obrach seo agus mìneachadh na buaidh a bheireadh e mura shoirbhicheas le fear de na h-iarrtasan.

### **Am faod mi cuir a-steach do VACMA airson gnìomhachd a tha taobh a-staigh pròiseact nas motha?**

Faodaidh sibh a chur a-steach do VACMA airson gnìomhachd a tha taobh a-staigh pròiseact nas motha. Ach, feumaidh sibh a bhith soilleir mun gnìomhachd dhan toir VACMA taic agus mar a bhios e na bhuannachd dhan leasachadh chruthachail agaibh.

### **Am bu chòir dhan phròiseact agam a bhith a' tachairt ann an Alba?**

Ged a dh'fheumas luchd-iarrtais a bhith stèidhichte ann an Alba, faodaidh am pròiseact tachairt an àite sam bith. Ma tha siubhal taobh a-staigh na RA no thall-thairis an lùib a' mholaidh agaibh, bu chòir dhuibh innse dhuinn mar a bheachdaicheas sibh air agus mar a lughdaicheas sibh buaidh air na h-àrainneachd tron phlanadh agaibh.



## **Am faod mi am bursaraidh a chleachdadh gus uidheamachd is stuthan a cheannach?**

Faodaidh sibh bursaraidh VACMA a chleachdadh gus uidheamachd is stuthan a cheannach cho fad 's as urrainn dhuibh mìneachadh gu soilleir mar a bheir iad seo taic do leasachadh cleachdaidh chruthachail agus mar a bheir iad comas dhuibh deuchainn leotha. Ma tha ceannach uidheamachd ùr a' ciallachadh gum bi an cleachdadh agaibh nas obrachail no nas èifeachdaiche cha bhi e na phrìomhachas airson taic.

Ma tha an uidheamachd/na stuthan a' cosg barrachd na ìre a' bhursaraidh dhan do chuirear a-steach, feumaidh sibh mìneachadh cò às a tha a' chòrr den bhuidseat a' tighinn agus measadh a dhèanamh air a' chunnart a bhiodh timcheall air seo.

## **An urrainn dhomh cuir a-steach airson maoinean gus obair a thaisbeanadh, leithid cosgaisean frèamaidh is canabhais?**

Tha VACMA ga dhealbhadh gus taic a chumail ri leasachadh cruthachail is deuchainneachd. Chan eil iarrtasan a tha airson cosgaisean frèamaidh is taisbeanaidh a-mhàin ion-roghnach.

## **An urrainn dhomh cuir a-steach gus làrach-lìn a dhèanamh airson gnìomhachdan margaidheachd?**

Chan eil iarrtasan a tha a' cuimseachadh a-mhàin air margaidheachd is cosgaisean làraich-lìn ion-roghnach airson taic. Thathar a' meas ion-roghnach iarrtasan sa bheil beagan chosgaisean margaidheachd is làrach-lìn mar phàirt de phròiseact/gnìomhachd nas fharsainge, ach bu chòir dhaibh cuimseachadh air leasachadh a' chleachdaidh chruthachail agaibh. Chan eil e coltach gum bithear a' meas iarrtasan a tha a' cuimseachadh a-mhàin air gnìomhachd adhartachaidh mar phrìomhachas.

## **An urrainn dhomh cuir a-steach do VACMA gus taic a chumail ri cosgaisean tòiseachaidh no leasachadh a' ghnìomhachais agam?**

Cha toir VACMA taic do chosgaisean a tha co-cheangailte ri tòiseachadh is leasachadh gnìomhachais. Bu chòir do dhaoine fa leth a tha a' sireadh taic gus a' ghnìomhachd aca a thòiseachadh no a leasachadh a dhol gu **Business Gateway**.

## **An urrainn dhomh cuir a-steach airson bursaraidh VACMA gus iarrtas a dhèanamh airson na Maoin Fosgailte do Dhaoine fa Leth?**

Tha VACMA ga dhealbhadh gus taic a chumail ri leasachadh cruthachail is deuchainneachd. Cha toir e taic do neach fa leth gus iarrtas maoineachaidh a dhèanamh airson maoin Alba Chruthachail eile. Ach, gabhaidh VACMA a chleachdadh gus beachdan no modhan deuchainn a leasachadh a dh'fhaodadh sibh leasachadh tuilleadh an uair sin bho mhaoin Alba Chruthachail eile, leithid a' **Mhaoin Fosgailte do Dhaoine fa Leth**.



### **An urrainn dhomh cuir a-steach airson VACMA airson taic gus pròiseact coimhearsnachd a libhrigeadh ma tha cleachdadh com-pàirteach agam?**

Cha beachdaich sinn ach air pròiseactan coimhearsnachd a tha air am fèin-tòiseachadh agus nam pàirt de chleachdadh ealain a tha an sàs gu sòisealta no com-pàirteachail. Ri linn adhbhar na maoin seo, feumaidh iarrtasan a shealltainn mar a bheir am pròiseact/gnìomhachas buaidh air an leasachadh cruthachail is proifeasanta agaibh.

Chan eil iarrtasan airson maoin eachadh gus pròiseact coimhearsnachd no foghlaim a libhrigeadh às leth buidheann ion-roghnach airson taic.

### **A bheil na sgeamaichean comhairleachaidh a' ruith am bliadhna?**

Chaidh stad a chur air na sgeamaichean comhairleachaidh ri linn COVID-19. Ach, leanaidh sinn oirnn ag ath-sgrùdadh seo agus is dòcha gun toir sinn a-staigh iad a-rithist san àm ri teachd. Nam faigheadh sibh buannachd bho chomhairleachadh, faodaidh sibh am bursarsaidh a chleachdadh gus seo a chur air dòigh dhuibh fhèin.

### **An urrainn do luchd-dealbhadh is dealbhaichean-grafaigeach a chur a-steach do VACMA?**

Mas urrainn dhuibh a shealltainn gun gabh an cleachdadh is gnìomhachd agaibh a chur ann an co-theacsa ealain lèirsinneach no ciùird, faodaidh sibh cuir a-steach airson taic. Ach, leis gu bheil a' mhaoin seo a' cuimseachadh air ealain lèirsinneach is ciùird is dòcha nach bithear gur meas mar phrìomhachas airson taic.

### **Am bi VACMA a' cumail taic ri ciùird-dualchais?**

Tha sgilean ciùird thraidiseanta is dualchais cudromach air sgàth 's an toraidh chruthachail aca agus an ceangail ri dualchas cultarach nach gabh a bhuntainn ris agus bu chòir taic a chumail riutha is an cumail tèarainte. Tha VACMA a' cumail taic ri pròiseactan ciùird traidiseanta/dualchais sa bheil eileamaid leasachaidh. Feumaidh luchd-iarrtais a shealltainn gu bheil iad a' leasachadh an sgilean no a' cruthachadh obair ann an dòighean ùra no innleachdach. Cha bhi VACMA a' cumail taic ri pròiseactan a tha a' cuimseachadh a-mhàin air ath-chruthachadh nìthean no dealbhaidhean a tha am bith.



ALBA | CHRUTHACHAIL

Alba Chruthachail  
Geata Waverley  
2-4 Rathad Bhatarlù  
Dùn Èideann, EH1 3EG

[www.albachruthachail.com](http://www.albachruthachail.com)  
[enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)